



SCOTTISH LAND COMMISSION
COIMISEAN FEARAINN NA H-ALBA

Plana Gàidhlig Coimisean Fearainn na h-Alba 2022-2027

Chaidh am plana seo ullachadh fo earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 26 Faoilleach 2022.

Ro-ràdh

Tha àite cudromach aig a' Ghàidhlig ann am mòran choimhearsnachdan air feadh na h-Alba agus anns a' chultar is dualchas aig iomadh sgìre air feadh na dùthcha. Tha an dualchas seo cuideachd mar phàirt den fheallsanachd a thaobh an fhearainn. Tha fearann aig cridhe fèin-aithne, eaconamaidh is coimhearsnachdan na h-Alba. Tha Coimisean Fearainn na h-Alba air a bhith a' cur air adhart prògram de dh'ath-leasachadh an fhearainn gach cuid ann an sgìrean bailteil agus sgìrean dùthchail, gus cur ri tarbhachd, iomadachd agus cunntachalachd nan dòighean anns a bheilear a' sealbhachadh is a' cleachdadh fearann na h-Alba.

Tha ceangal seasmhach ann eadar ath-leasachadh fearainn, a' Ghàidhlig, agus na daoine. Bha 'An Tìr, an Cànan, is na Daoine' na shluagh-ghairm aig Dionnasg an Fhearainn, buidheann san 19^m linn a rinn iomairt airson ath-leasachadh fearainn. Tha an abairt seo a' sealltainn cho dlùth cheangailte 's a tha na trì eileamaidean. Tha an ceangal eadar cànan, daoine agus fearann a' leantainn an-diugh agus tha Coimisean Fearainn na h-Alba gu mòr airson taic a chumail ris a' Ghàidhlig tro bhith a' cruthachadh agus a' cur an gnìomh a' Phlana Ghàidhlig seo.

Bho chaidh a stèidheachadh ann an 2017, tha Coimisean Fearainn na h-Alba air cumail ri a luachan de dh'ionracas, dùbhlán, tionnsgalachd agus cumhachdachadh. Tha na luachan againn de dh'ionracas '*Tha sinn ag obair do mhuinntir na h-Alba agus tha sinn cunntachail riutha*' agus dùbhlán '*tha sinn a' cur dùbhlán oirnn fhìn agus air càch a bhith a' stiùireadh atharrachadh*' gu sònraichte iomchaidh agus sinn a' sgrìobhadh a' Phlana Ghàidhlig againn. Tha obair Coimisean Fearainn na h-Alba a' cur ri libhrigeadh soirbheachail amas Riaghaltas na h-Alba a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach san àm ri teachd. Le bhith a' cur cleachdadh na Gàidhlig an comas ann an libhrigeadh nan seirbheisean againn, tha sinn a' dèanamh ar dìcheall gus dèanamh cinnteach gun tèid taic a chumail ris a' chànan anns gach raon de bheatha phoblach na h-Alba.

Tha sinn ag obair às leth muinntir na h-Alba le bhith a' nochdadh in-ghabhalachd cànan agus sinn a' gluasad air adhart agus a' fàs mar bhuidheann, agus tha sinn a' stiùireadh atharrachadh le bhith a' nochdadh ar taic dhan Ghàidhlig agus tha sinn an dòchas gum broснаich an taic againn daoine eile gus an aon rud a dhèanamh.

Tha sinn dealasach a thaobh nam amasan agus miannan ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Libhrigidh sinn na gealltanasan anns a' Phlana Ghàidhlig againn, a tha a' toirt spèis cho-ionann dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla. Cumaidh sinn fios ris an luchd-obrach agus ris a' phoball gu gnìomhach mu na cothroman a th' ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig an co-cheangal ris an obair againn, agus tha an lèirsinn againn airson Coimisean Fearainn na h-Alba a' gabhail a-steach a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig gu gnìomhach.

Andrew Thin
Cathraiche
Coimisean Fearainn na h-Alba

Clàr-innse

Ro-ràdh	2
Geàrr-chunntas	4
Facal-tòisich	5
An co-theacsa airson deasachadh Phlanaichean Gàidhlig	5
Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.....	5
Riathanas gus Plana Gàidhlig ullachadh	5
A' toirt aonta do Phlana Gàidhlig Coimisean Fearainn na h-Alba:	5
Co-chomhairle air Dreachd Plana Gàidhlig	5
Coimisean Fearainn na h-Alba.....	5
Gàidhlig taobh a-staigh sgìre ùghdarrais na buidhne.....	6
A' Ghàidhlig taobh a-staigh Coimisean Fearainn na h-Alba	7
In-sgrùdadh air comas cànan	8
Am Plana Gàidhlig anns an Structar Chorpóra.....	9
A' bhuaidh aig planadh is poileasaidh air a' Ghàidhlig	10
Ag àbhaisteachadh na Gàidhlig	10
Aonta ri amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig	10
Dachaigh agus Tràth-bhliadhnaichean	10
Foghlam	10
Coimhearsnachd.....	10
An t-Àite-obrach.....	11
Ealain agus Meadhanan; Dualchas is Turasachd	11
Corpas.....	11
Builean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba	11
Gealltanasan a' Phlana.....	12
Gealltanasan Àrd-ìre.....	12
Gealltanasan a thaobh Bun-tomhasan Seirbheis.....	12
Faicsinneachd	13
Luchd-obrach.....	16
Gnothaichean làitheil	22
Conaltradh	28
Corpas.....	33
Buileachadh agus Sgrùdadh	32
Clàr-ama	32
Sanasachd airson a' Phlana	32
A' goireasachadh a' Phlana	32
Sgrùdadh Buileachadh a' Phlana	32
Eàrr-ràdh 1 – In-sgrùdadh air Comas Cànan	33
Eàrr-ràdh 2 – Toraidhean na Co-chomhairle	36

Geàrr-chunntas

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt bhunaiteach de dhualchas, fèin-aithne nàiseanta agus beatha chultarach na h-Alba. Tha dlùth-cheangal eachdraidheil eadar muinntir na h-Alba, an tìr air a bheil iad a' fuireach is ag obair, agus a' Ghàidhlig. Tha Coimisean Fearainn na h-Alba ag aontachadh ri amasan ro-innleachdail Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus tha i air na structaran is na h-iomairtean a chur air dòigh a tha a dhìth gus cuideachadh gus feuchainn ri Alba na Gàidhlig a dhèanamh seasmhach san àm ri teachd.

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba ag aithneachadh gu bheil suidheachadh na Gàidhlig anabarrach cugallach agus ag aithneachadh ma tha Gàidhlig gu bhith a' leantainn mar chànan beò ann an Alba, gu bheil feum air oidhirp cho-phàirteach aig an riaghaltas, na roinnean poblach is priobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth gus:

- Cuir ri inbhe na Gàidhlig
- Ionnsachadh is togail na Gàidhlig a bhrosnachadh
- Meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh.

Is e an sgrìobhainn seo a' chiad eagraan de Phlana Gàidhlig Coimisean Fearainn na h-Alba a chaidh a dheasachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig san obair againn agus mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach nuair a bhios sinn a' conaltradh ris a' phoball is ris na prìomh chom-pàirtichean againn, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig.

Thathar air Plana Gàidhlig Coimisean Fearainn na h-Alba a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005 le mothachadh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig is air an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Facal-tòisich

An co-theacsa airson deasachadh Phlanaichean Gàidhlig

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis ch-ionnan ris a' Bheurla.

'S e fear de na prìomh fheartan anns an Achd gu bheil ullachadh ann a tha a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig (prìomh bhuidheann leasachaidh Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba) toirt air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig ullachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail na h-inbhe is na h-iomhaigh aice agus le bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach gus a cleachdadh.

Is e an sgrìobhainn seo a' chiad eagra de Phlana Gàidhlig Coimisean Fearainn na h-Alba a chaidh a dheasachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig san obair againn agus mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach nuair a bhios sinn a' conaltradh ris a' phoball is ris na prìomh chom-pàirtichean againn, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig.

Thathar air Plana Gàidhlig Coimisean Fearainn na h-Alba a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005 le mothachadh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig is air an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Riathanas gus Plana Gàidhlig ullachadh

Thèid an riathanas air buidheann phoblach gus Plana Gàidhlig ullachadh a thòiseachadh nuair a chuireas Bòrd na Gàidhlig fios plana thuca ag iarraidh orra sin a dhèanamh fo earrann 3 de dh'Achd 2005..

A' toirt aonta do Phlana Gàidhlig Coimisean Fearainn na h-Alba:

Chaidh am Plana Gàidhlig aig Coimisean Fearainn na h-Alba aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 26 Faoilleach 2022.

Co-chomhairle air Dreachd Plana Gàidhlig

Tha Achd 2005 ag ràdh gum feum buidhnean poblach deasachadh a' Phlana Ghàidhlig aca a thoirt gu aire a h-uile duine/buidheann aig am biodh ùidh sa chùis. Rinn Coimisean Fearainn na h-Alba co-chomhairle phoblach air an dreachd Plana Ghàidhlig aige agus thug e fa-near do na beachdan a chaidh a thoirt dha tron phròiseas cho-chomhairleachaidh. Gheibhear toraidhean na co-chomhairle seo a lorg ann an Eàrr-ràdh B. Chaidh an dreachd plana a shanasachd tro na diofar seanailean mheadhanan aig a' Choimisean a' gabhail a-steach nam meadhanan sòisealta, cuairt-litrichean agus fiosan naidheachd agus chaidh cuireadh a thoirt dhan phoball am beachdan a thoirt seachad air an dreachd plana tro phost-d no litir.

Coimisean Fearainn na h-Alba

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba na Bhuidheann Phoblach Neo-roinneil (NDPB) a tha cunntachail do Mhinistearan na h-Alba agus tha Ministearan na h-Alba cunntachail do Phàrlamaid na h-Alba. Chaidh Coimisean Fearainn na h-Alba a stèidheachadh air 1 Giblean 2017 fo Achd Ath-leasachaidh an Fhearainn (Alba) 2016, agus tha a

mhaoineachadh air fad de £1.5m a' tighinn bho Riaghaltas na h-Alba. Tha e ag obair gus barrachd a dhèanamh de dh'fhearann na h-Alba tro bhith a' toirt taic agus brosnachadh do dh'atharrachadh is do dhòighean-smaoineachaidh ùra, agus bidh e a' dèanamh mholaidhean do Mhinistearan na h-Alba, far a bheil e iomchaidh, airson atharrachaidhean reachdail agus poileasaidh thairis air na trì raointean prìomhachais againn, ag ath-leasachadh margaidhean fearainn, a' leabachadh seilbhheadaireachd agus cleachdadh fearainn ciallach, ag ath-leasachadh margaidhean fearainn.

Structar

Air Bòrd nan Coimiseanairean aig Coimisean Fearainn na h-Alba, tha sia Coimiseanairean Fearainn a' gabhail a-steach aon Choimiseanair Tuathanachas Màil, agus chaidh iad uile a chur an dreuchd leis a' Mhinistear airson na h-Àrainneachd, Atharrachadh Cliomaid is Ath-leasachaidh Fearainn. Tha na Coimiseanairean air am fastadh gu poblach le, agus tha iad cunntachail do Mhinistearan na h-Alba. A rèir Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016, Earrann 11 - Ion-roghnachd airson fastadh, fo-earrann (2): "Agus iad a' fastadh Coimiseanairean Fearainn, feumaidh Ministearan na h-Alba gach ceum reusanta a ghabhail gus dèanamh cinnteach gu bheil Gàidhlig aig co-dhiù fear de na coimiseanairean."

Tha an 16 luchd-obrach aig Coimiseanair Fearainn na h-Alba air am fastadh gu dìreach le Coimisean Fearainn na h-Alba agus tha iad cunntachail dhan Àrd-oifigeir. Tha am Prìomh Oifigeir, mar Oifigeir Cunntachail, cunntachail do Mhinistearan na h-Alba. Chan eil riatanasan cànan a thaobh na Gàidhlig aig luchd-obrach a' Choimisein aig an àm seo.

Tha oifis Coimisean Fearainn na h-Alba stèidhichte ann an Taigh an Longman, Inbhir Nis. Tha suaicheantas a' Choimisein dà-chànanach agus aig an àm seo bidh e a' foillseachadh an dà chuid an Aithisg Bhliadhnail agus a' Phlana Ro-innleachdail an dà chuid sa Bheurla agus sa Ghàidhlig.

Gàidhlig taobh a-staigh sgìre ùghdarras na buidhne

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' dràibheadh air adhart prògram de dh'ath-leasachadh an fhearainn gach cuid ann an sgìrean bailteil agus sgìrean dùthchail gus cur ri tarbhachd, iomadachd agus cunntachalachd nan dòighean anns a bheilear a' sealbhachadh is a' cleachdadh fearann na h-Alba. Tha Coimisean Fearainn na h-Alba ag obair air feadh na h-Alba agus tha iad ag aithneachadh dualchas cultarach eadar-mheasgte agus sònraichte na dùthcha. Tha an Coimisean ag aithneachadh gu bheil luchd-labhairt na Gàidhlig sgapte air feadh na h-Alba. A rèir a' chunntais-sluaigh as ùire (2011) bha sgìlean Gàidhlig aig 87,100 neach ann an Alba (1.7% den t-sluaigh), le 57,600 neach air feadh na dùthcha a' clàradh gun robh iad comasach air Gàidhlig a bhruidhinn (1.1% den t-sluaigh).

Tha eachdraidh làidir aig a' Ghàidhlig air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan agus tha tòrr àiteachan ann far a bheil i làidir san latha an-diugh. Tha còrr is an dàrna leth de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach anns na siorrachdan Gàidhealach agus tha a' Ghàidhlig aig a' mhòr-chuid ann an sgìre *Comhairle nan Eilean Siar*, sgìre aig a bheil ceanglaichean eachdraidheil gu sònraichte làidir ris a' chànan. Tha rannsachadh a rinn Coimisean na Croitearachd a' sealltainn gu bheil dàimh gu sònraichte làidir eadar an àireamh sa cheud aig a bheil Gàidhlig agus an àireamh de chroitearan clàraichte air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

Ann an sgìrean eile, mar eisimpleir, Meadhan na h-Alba agus na Crìochan, tha ath-bheothachadh Gàidhlig a' dol air adhart. Air an làimh eile, ann an sgìrean eile far a bheil an Coimisean ag obair – Arcaibh is Sealtainn – chan eil ceangail eachdraidheil làidir aig a' Ghàidhlig agus tha àireamh de luchd-labhairt a rèir seo.

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba air ìre solarachaidh choitcheann a stèidheachadh a bhios ann airson a h-uile sgìre anns a bheil sinn ag obair, leis an amas ìre solarachaidh nas àirde a thoirt seachad ann an sgìrean far a bheil an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig nas motha.

A thaobh an ath-ghinealaich de luchd na Gàidhlig, bha 6,777 duine-cloinne ann am Foghlam tro Meadhan na Gàidhlig (FtG) air feadh na h-Alba ann an 2018-19:

- Foghlam Gàidhlig (0-3) – 931 duine-cloinne ann an 60 ionad
- Sgoiltean-àraich Gàidhlig (aois 2-4) – 1,078 ann an 56 sgoiltean-àraich
- Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig sa bun-sgoil (BS1-BS6) – 3,471 sgoilearan ann an 60 sgoiltean
- Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig san àrd-sgoil (AS1-AS6) – 1,423 sgoilearan ann an 34 sgoiltean.

Tha tòrr chothroman ann airson clasaichean luchd-ionnsachaidh air feadh sgìre nàiseanta na buidhne, bho sheiseanan ‘cafaidh còmhradh’ agus clasaichean oidhche neo-fhoirmeil gu clasaichean foghlam adhartach foirmeil. Gheibhear barrachd fiosrachaidh aig www.learnghaelic.net.

Tha farsaingeachd de bhuidhnean Gàidhlig agus buidhnean coimhearsnachd a tha an sàs ann an cùisean Gàidhlig air feadh sgìre nàiseanta a’ Choimisein, bho chomainn Ghàidhlig ionadail gu buidhnean nàiseanta, mar eisimpleir, Comann nam Pàrant, a tha a’ riochdachadh phàrantan aig a bheil clann ann am FtG gu nàiseanta. Tha farsaingeachd de thachartasan Gàidhlig ann air feadh na h-Alba airson daoine le comasan cànan aig gach ìre bho ‘chafaidhean còmhradh’ ann am bun-sgoiltean ionadail dhan Mhòd Nàiseanta Rìoghail.

Ann an sgìre na buidhne, tha iomadh buidheann Gàidhlig ann, mar eisimpleir, Fèisean nan Gàidheal, An Lòchran, Tobar an Dualchais, Comunn na Gàidhlig agus An Comunn Gàidhealach am measg eile.

Tha e air a shònrachadh gum bi Gàidhlig aig fear de na Coimiseanairean Fearainn: tha dithis choimiseanairean aig a bheil sgilean Gàidhlig aig an àm seo. Chan eil sònrachadh no riathanas cànan ann a thaobh luchd-obrach a’ Choimisein aig an àm seo, ach tha sgilean Gàidhlig aig cuid den luchd-obrach agus thathar a’ beachdachadh air seo.

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a’ gealltainn taic a chur ri amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig gus cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh, gus cur ri ionnsachadh na Gàidhlig agus ìomhaigh fhàbharach a bhrosnachadh dhan Ghàidhlig.

A’ Ghàidhlig taobh a-staigh Coimisean Fearainn na h-Alba

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba den bheachd gu bheil fearann aig cridhe fèin-aithne, eaconamaidh is coimhearsnachdan na h-Alba. Leis a’ cheangal làidir eadar na daoine agus an tìr, gu sònraichte luchd na Gàidhlig air a’ Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan an Iar, tha an Coimisean ann an deagh àite gus cur ri leasachadh na Gàidhlig mar bhuidheann.

Le bhith ag obair a dh’ionnsaigh lèirsinn Coimisean Fearainn na h-Alba gus “siostam sealbh, rianachd is cleachdadh fearainn a bhith againn a tha cothromach, in-ghabhalach is tarbhach agus a bheir buannachdan nas fheàrr do mhuintir na h-Alba air fad” mar a chaidh a chur an cèill ann am Plana Ro-innleachdail a’ Choimisein airson 2020-23, thèid na builean a leanas a choileanadh a thaobh taic dhan Ghàidhlig:

- Thèid inbhe nan cànanan agus dualchainntean dùthchasach àrdachadh taobh a-staigh na buidhne againn
- Tha cothrom ga thoirt seachad gus Gàidhlig ionnsachadh taobh a-staigh na buidhne againn.

Bidh an Coimisean ag obair le farsaingeachd de bhuidhnean com-pàirteachais agus bidh sinn a' lorg chothroman leis na com-pàirtichean againn gus ath-leasachadh fearainn a cheangail ri eachdraidh na Gàidhlig agus ri Gàidhlig san àm ri teachd.

In-sgrùdadh air comas cànan

Rinn Coimisean Fearainn na h-Alba sgrùdadh air na comasan Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne aig an àm seo mar phàirt den obair ullachaidh air a' Phlana Ghàidhlig seo. Chaidh feart a thoirt air toradh an sgrùdaidh seo nuair a bhathar a' cruthachadh ghealltanasan a' Phlana seo, agus chuidich an sgrùdadh sinn gus co-dhùnadh mar a bhiodh sinn a' stèidheachadh, a' glèidheadh no a' leasachadh chleachdaidhean gus cur ri cleachdadh na Gàidhlig.

Rinneadh Suirbhidh Gàidhlig de luchd-obrach a' Choimisein gus faighinn a-mach dè an comas labhairt, leughaidh, sgrìobhadh agus tuigsinn a bh' aca. Air sgàth 's gur e buidheann ùr a tha seo, b' e seo a' chiad turas a rinneadh suirbhidh de a leithid agus thèid a chleachdadh mar slat-tomhais airson suirbhidhean luchd-obrach san àm ri teachd, a' sealltainn ar dealas a bhith a' cumail dàta làithreach mu sgilean Gàidhlig an luchd-obrach againn.

A-mach às na 16 daoine a fhuair cuireadh pàirt a ghabhail san sgrùdadh, fhreagair 13, ìre freagairt de 81%.

A-mach às an fheadhainn a fhreagair nuair a chaidh faighneachd mu na sgilean Gàidhlig aca (labhairt/leughadh/sgrìobhadh/tuigsinn):

- Thuirt 85% den luchd-obrach nach robh sgil Gàidhlig sam bith aca
- Thuirt 15% den luchd-obrach gun robh sgilean Gàidhlig bunaiteach no eadar-mheadhanach aca
- Thuirt 0% gun robh iad fileanta sa Ghàidhlig.

Chan eil fhios againn am bi an luchd-obrach aig a bheil comas air choireigin anns a' Ghàidhlig ga cleachdadh bho latha gu latha san àite obrach: thèid a' cheist seo a chur ris an ath suirbhidh luchd-obrach.

Às na 85% den luchd-freagairt aig nach eil sgilean Gàidhlig aig an àm seo:

- Bha ùidh aig 46% ann a bhith a' togail sgilean Gàidhlig tro thrèanadh a bharrachd.
- Bha ùidh aig 23% ann a bhith a' faighinn barrachd fios mun Ghàidhlig tro thrèanadh mothachaidh.

Dhaibhsan aig a bheil ùidh ann a bhith a' gabhail pàirt ann an trèanadh mothachadh Gàidhlig agus ann a bhith a' togail sgilean Gàidhlig, thèid seo a thoirt air adhart ann an gealltanasan a' phlana againn.

Bidh an Coimisean a' foillseachadh Aithisg Bhliadhnail agus a Phlana Ro-innleachdail sa Ghàidhlig. Rinn e sgrùdadh comais mu bhith a' foillseachadh na làraich-lìn aige sa Ghàidhlig agus thèid seo ath-sgrùdadh agus thèid na toraidhean a chur san ath eagan de Phlana Ghàidhlig a' choimisein.

Gheibhear an làn sgrùdadh agus toraidhean Suirbhidh na Gàidhlig ann an Eàrr-ràdh 1.

Am Plana Gàidhlig anns an Structar Chorporra

Tha am Plana seo na phoileasaidh aig Coimisean Fearainn na h-Alba agus chaidh aontachadh le ar àrd-sgioba stiùiridh agus le buill a' Bhùird.

Dreuchd le uallach obrachail airson a' phlana

'S e am prìomh oifigear le uallach obrachail agus ceannas air deasachadh, cur an gnìomh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Coimisean Fearainn na h-Alba:

Posy MacRae
Ceannard a' Chonaltraidh is nan Seirbheisean Corporra
Coimisean Fearainn na h-Alba
Taigh an Longman,
28 Rathad Longman Inbhir Nis
IV1 1SF
01463 423 309
posy.macrae@landcommission.gov.scot

Dreuchd le uallach làitheil airson a' phlana

'S e an t-oifigear le uallach obrachail làitheil airson cur an gnìomh Plana Gàidhlig Coimisean Fearainn na h-Alba am Manaidsear Conaltraidh. Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

Jess Barbier-Marsden
Manaidsear Conaltraidh
Coimisean Fearainn na h-Alba
Taigh an Longman
28 Rathad an Longman
Inbhir Nis
IV1 1SF
01463 423 313
jess.barbier-marsden@landcommission.gov.scot

Luchd-obrach fa leth

Innsidh Coimisean Fearainn na h-Alba dhan luchd-obrach aca mu na dleastanasan aca fon Phlana Ghàidhlig tro chonaltraidhean cunbhalach air an taobh a-staigh, a' gabhail a-steach còmhraidhean mìosail le manaidsearan sreatha, coinneamhan sgioba agus air eadar-lìon an luchd-obrach.

Seirbheisean air an lìbhrigeadh le treas phàrtaidhean agus Buidhnean Leth-eisimeileach

Nì Coimisean Fearainn na h-Alba cinnteach gum bi fios aig daoine no buidhnean a tha a' libhrigeadh sheirbheisean/bathar às leth a' Choimisein, agus gun lean iad na prionnsapalan anns a' Phlana Ghàidhlig tro bhith a' cur nan riathanasan seo ann an cùmhnantan agus tairgsean airson seirbheisean/bathar. Leanaidh seirbheis sam bith air a libhrigeadh le treas phàrtaidhean prionnsabalan Plana Gàidhlig Coimisean Fearainn na h-Alba far a bheil a' Ghàidhlig mar phàirt riathanach den chùmhnant.

A' bhuidh aig planadh is poileasaidh air a' Ghàidhlig

Ag àbhaisteachadh na Gàidhlig

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba ag aithneachadh gum bi na diofar raointean prìomhachais a tha comharraichte ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig air am buileachadh gu ìre mhòr tron Phlana Ghàidhlig againn, ach gum bi cothroman ag èirigh gus an cànan adhartachadh agus a leasachadh tro phoileasaidhean a tha ann mar-thà. Nì an Coimisean sgrùdadh air gealltanasan poileasaidh gus cothroman a lorg annta gus a' Ghàidhlig a chur air adhart gu for-ghnìomhach agus gus prìomhachasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur air adhart ann an dòighean eile. Tha sinn den bheachd gu bheil seo a rèir prionnsabal an àbhaisteachaidh a tha ag amas air Gàidhlig a bhith mar phàirt làitheil de bheatha na h-Alba.

Ann a bhith a' cur ri chèile, ag ùrachadh agus a' sgrùdadh poileasaidhean, cuimhnichidh an Coimisean air na gealltanasan a chaidh a dhèanamh anns a' Phlana Ghàidhlig seo agus nì sinn cinnteach gum bi a' bhuidh a bheir iad air a' Ghàidhlig a rèir Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Aonta ri amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha e na rùn aig an Coimisean Fearainn na h-Alba dèanamh cinnteach gun tèid Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh agus tha sinn ag aontachadh ri prìomh amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig: a' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig, a' cur ri ionnsachadh na Gàidhlig agus a' brosnachadh ìomhaigh fhàbharach dhan Ghàidhlig. Obraichidh sinn a dh'ionnsaigh nan trì amasan seo anns na raointean a leanas

Dachaigh agus Tràth-bhliadhnaichean

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba ag aithneachadh gum feum barrachd dhaoine Gàidhlig ionnsachadh ma tha i gu bhith seasmhach san àm ri teachd agus gum feum fòcas a bhith air an dachaigh, air foghlam agus air luchd-ionnsachaidh inbheach mar phrìomh dhòigh gus seo a dhèanamh. Tha clann ann am FtG aig cuid den luchd-obrach againn agus tha iad air a bhith deònach na buannachdan aig foghlam dà-chànanach a mhineachadh do luchd-obrach eile.

Foghlam

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' tuigsinn nach e a-mhàin an àireamh dhaoine aig a bheil Gàidhlig a chur am meud a tha a dhìth gus a' Ghàidhlig a dhèanamh seasmhach san àm ri teachd, ach gum feumar cleachdadh làitheil a' chànain a chur am meud cuideachd. Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e comas a thoirt do bharrachd daoine Gàidhlig a chleachdadh mar an dòigh conaltraidh as fheàrr leotha agus mar an dòigh conaltraidh àbhaisteach a th' aca ann am farsaingeachd de ghnìomhan làitheil. Bithear a' brosnachadh luchd-obrach gus cothrom a ghabhail air cothroman gus sgilean Gàidhlig a thogail agus gus trèanadh mothachaidh Gàidhlig a dhèanamh.

Coimhearsnachd

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' tuigsinn gu bheil na rudan a leanas a' toirt buaidh air an inbhe a th' aig cànan: an làthaireachd aige san àrainneachd làitheil, an ìre 's gu bheil an cànan air a chleachdadh, air a mheas cudromach agus air fhaicinn a bhith air a mheas cudromach leis na buidhnean sin aig a bheil pàirt chudromach nar beatha làitheil.

- A' meudachadh ìomhaigh agus cleachdadh na Gàidhlig tro raon de sheirbheisean Gàidhlig a bhith ri fhaighinn ann an sgìrean far a bheil comasan Gàidhlig aig 20%

no barrachd den t-sluagh.

- A' cumail taic ri iomairtean a chleachdas na sgilean agus comasan aig daoine aig a bheil Gàidhlig ann an gnìomhan sa choimhearsnachd.

An t-Àite-obrach

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' tuigsinn cho riatanach 's a tha e iomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh, cho cudromach 's a tha e seirbheisean eadar-theangachaidh a bhith ann agus a bhith a' cur ri cleachdadh a' chànain ann an àiteachan obrach:

- A' cruthachadh deagh rùn dhan Ghàidhlig anns an àite obrach tro bhith a' togail mothachadh agus tro shoidhnichean
- A' cur ri cothroman do luchd-obrach a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig no a bhith a' cur ri an cuid sgilean cànanain ma tha Gàidhlig aca mar-thà
- A' brosnachadh fastadh dhaoine aig a bheil Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil an cànan ga fhaicinn is ga chleachdadh barrachd san àite-obrach agus ann a bhith a' toirt seachad seirbheisean dhan phoball.

Bithear a' brosnachadh luchd-obrach aig a bheil sgilean Gàidhlig a bhith ga bruidhinn agus ga cleachdadh mar phàirt de na cleachdaidhean obrach làitheil aca.

Ealain agus Meadhanan; Dualchas is Turasachd

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba ag aithneachadh gu bheil leasachadh air ealain agus na meadhanan Gàidhlig mar dhòigh air a' Ghàidhlig a thoirt gu aire a' mhòr-shluaigh, daoine a tharraing chun cànanain agus an deagh-ghean dhan Ghàidhlig a neartachadh tro chothroman a h-ionnsachadh, a cleachdadh agus a leasachadh. Gus ìomhaigh na Gàidhlig a thoirt am follais barrachd, cuiridh an Coimisean Gàidhlig air an t-soidhne aige taobh a-staigh Taigh an Longman agus cumaidh e air a' togail dàimh le deagh sheirbheis eadar-theangachaidh.

Corpas

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba ag aithneachadh gu bheil feum air co-òrdanachadh ann an iomairtean gus iomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh agus gus cuir ri a faicsinneachd. Gus seo a dhèanamh, cumaidh an Coimisean air a' togail a dhàimh le deagh sheirbheis eadar-theangachaidh.

Builean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba

Tha a' bhuidheann ag obair gus an cànan a neartachadh air feadh na h-obrach conaltraidh againn agus gus a chleachdadh a neartachadh air feadh obair na buidhne. Tha Coimisean Fearainn na h-Alba air rùnachadh cur ri coileanadh builean nàiseanta Riaghaltas na h-Alba aig a bheil fòcas air:

- A bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile
- A' toirt cothroman dhan a h-uile duine a tha a' fuireach ann an Alba
- A' cur ri sunnd nan daoine a tha a' fuireach ann an Alba
- A' cruthachadh fàs seasmhach agus in-ghabhalach
- A' lùghdachadh neo-ionannachd agus a' cur an aon chuideam air leasachadh eaconomach, àrainneachdail agus sòisealta.

Gealltanasan a' Phlana

Gealltanasan Àrd-ìre

Chaidh na h-amasan àrd-ìre a leanas a chomharrachadh mar phrìomhachasan airson a' Choimisein gus taic a chumail ris a' Phlana Nàiseanta làithreach airson na Gàidhlig agus ris na Builean Nàiseanta:

- A' cleachdadh na Gàidhlig – a' toirt seachad seirbheisean agus goireasan Gàidhlig gus Plana Ro-innleachdail a' Choimisein a libhrigeadh
- Ag ionnsachadh na Gàidhlig – a' leudachadh mothachadh air a' Ghàidhlig agus a' cumail taic ri ionnsachadh na Gàidhlig san àite-obrach
- A' brosnachadh na Gàidhlig - a' brosnachadh ìomhaigh fhàbharach dhan Ghàidhlig tron obair uile aig Coimisean an Fhearainn.

Tha an Coimisean airson nan gealltanasan àrd-ìre seo a choileanadh tro bhith a' cur an gnìomh a' phlana Ghàidhlig seo.

Gealltanasan a thaobh Bun-tomhasan Seirbheis

Ann an *Stiùireadh reachdail aca air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig*, tha Bòrd na Gàidhlig air aithneachadh gu bheil cruthachadh suidheachaidhean airson cleachdadh na Gàidhlig ann am beatha phoblach mar phrìomh eileamaid ann an ath-bheòthachadh cànan.

Tha am Bòrd air còig prìomh raointean a chomharrachadh aig cridhe libhrigeadh sheirbheisean, a bu chòir buidhnean poblach a ghabhail os làimh ann an deasachadh nam Planaichean Gàidhlig.

- Faicsinneachd
- Luchd-obrach
- Gnothaichean làitheil
- Conaltradh
- Corpas.

Tha na prìomh ghealltanasan fìor chudromach gus inbhe agus faicsinneachd na Gàidhlig a thogail. Cuiridh an Coimisean cleachdadh na Gàidhlig an comas agus broснаichidh e seo tro na prìomh raointean gu h-àrd, gus inbhe na Gàidhlig a thogail anns na raointean obrach aige agus ann a bhith a' libhrigeadh nan seirbheisean riaghlachaidh aige.

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba air rùnachadh cur ri cleachdadh na Gàidhlig agus tha an earrann seo a' mìneachadh na h-ìre de sholarachadh Gàidhlig a tha e an dùil toirt seachad tro bheatha ceithir-bliadhna a' phlana. Is e toiseach tòiseachaidh a th' anns a' chiad eagra den Phlana Ghàidhlig agus tha Coimisean Fearainn na h-Alba an dòchas gun tèid iad thairis air na targaidean agus gun cuir iad ri solar sa Ghàidhlig mean air mhean thairis air beatha a' phlana

Tha na duilleagan a leanas a' toirt cunntas air na ceuman a bhios Coimisean Fearainn na h-Alba a' gabhail a thaobh nan gealltanasan ìre seirbheis thairis air an ath cheithir bliadhna gus am Plana seo a chur an gnìomh gu h-èifeachdach.

Nì an Coimisean cinnteach gun tèid tairgse ghnìomhach a dhèanamh air na seirbheisean Gàidhlig agus dà-chànanach gu lèir aige agus nì e cinnteach gun tèid spèis cho-ionann a shealltainn dhan Ghàidhlig tro na seirbheisean sin.

Faicsinneachd

Faodaidh Gàidhlig anns an aithne chorporra agus anns na soidhnichean aig ùghdarras poblach cur gu mòr ri faicsinneachd a' chànain, agus tha e na theachdaireachd gu bheil an t-ùghdarras poblach a' cur meas air a' Ghàidhlig agus air mar a bhios e a' toirt àite dhi. Faodaidh leudachadh air cleachdadh na Gàidhlig tro shoidhnichean cur ri briathrachas luchd-cleachdaidh na Gàidhlig cuideachd agus cur ri leasachadh a' chànain.

Nì sinn sgrùdadh air na cothroman a th' ann airson goireasan/gnìomhan Gàidhlig a cho-roinn le buidhnean eile ann an Taigh an Longman, mar eisimpleir, air soidhnichean dà-chànanach agus a' tabhann trèanadh Gàidhlig do bhuidhnean eile.

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' cur ri faicsinneachd na Gàidhlig agus a bhith a' cur ris an inbhe aice.

Àir.	Buil	Cleachdadh làithreach agus/no Gnìomh a dhìth	Làithreach	2022	2023	2024	2025	2026	Stiùireadh
Suaicheantas corporra									
1	Àbhaisteachadh faicsinneach is so-bheanailteach (<i>tangible</i>) den Ghàidhlig mar phrìomh eileamaid ann an dearbh-aithne is soidhnichean Coimisean Fearainn na h-Alba	Tha suaicheantas a' Choimisein gu tur dà-chànanach.	✓						Conaltradh
		Nì an Coimisean ath-sgrùdadh air an t-suaicheantas aige gus dèanamh cinnteach gu bheil spèis cho-ionann aig a' Ghàidhlig agus a' Bheurla, a' gabhail a-steach a thaobh meud cruth-clò agus dath.						✓	Conaltradh

2		Tha pàipearachd chorporra a' Choimisean, a' gabhail a-steach cinn-litreach, bileagan buidheachais agus cairtean gnìomhachais làn dhà-chànanach			✓					Conaltradh
3		Tìotalan obrach, ainmean roinnean sgìrein agus ainmean sgioba air am foillseachadh gu dà-chànanach tro gach seanail, a' gabhail a-steach earr-sgrìobhaidhean puist-d			✓					Conaltradh

Àir.	Buil	Cleachdadh làithreach agus/no Gnìomh a dhìth	Làithreach	2022	2023	2024	2025	2026	Stiùireadh
4		Foillsich foillseachaidhean corporra, m.e. an Aithisg Bhliadhnail, gu dà-chànanach	✓						Conaltradh
Soidhnichean									
5	Àbhaisteachadh faicsinneach is so-bheanailteach (<i>tangible</i>) den Ghàidhlig mar phrìomh eileamaid ann an dearbh-aithne is	Tha soidhnichean air taobh a-muigh nan toglaichean oifis agus ann an àiteachan pàrcaidh gu tur dà-chànanach			✓				Buidheann luchd-cleachdaidh Taigh an Longman

6	soidhnichean Coimisean Fearainn na h-Alba	Tha na soidhnichean air an taobh a-staigh uile dà-chànanach				✓			Buidheann luchd-cleachdaidh Taigh an Longman
7		Tha soidhnichean agus fiosrachadh dhan phoball ann an ionad-fàilte an togalaich gu tur dà-chànanach far an gabh sin dèanamh	✓						Buidheann luchd-cleachdaidh Taigh an Longman

Luchd-obrach

Gus seirbheisean a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, tha e riatanach gun tèid na sgilean-obrach iomchaidh agus na sgilean cànan aig an luchd-obrach a thoirt air adhart. Tha solarachadh chothroman ionnsachaidh do luchd-obrach a' cuideachadh le adhartachadh ionnsachadh na Gàidhlig le inbhich agus ag adhartachadh Gàidhlig mar sgil feumail san àite-obrach. Bidh comharrachadh obraichean far a bheil Gàidhlig mar sgil ainmichte a' cur gu mòr ri inbhe a' chànain agus ri bhith ga comharrachadh mar sgil buannachdail.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd a' cuideachadh cuideachd le bhith a' sealltainn gum bu chòir Gàidhlig a bhith air a cleachdadh sa bheatha phoblach agus gu bheil àite sònraichte aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig ri choileanadh taobh a-staigh buidhnean poblach. Ge b' e dè na sgilean a tha riatanach tha e cudromach gun dèan ùghdarrasan agus buidhnean cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na fìor riatanas san dreuchd. Bu chòir do dh'ùghdarrasan slatan-tomhais neo-eisimeileach a chruthachadh agus a chur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' fastadh luchd-obrach anns gach suidheachadh ann an dòigh a tha cothromach agus cunbhalach, agus gu bheil e a' nochdadh nan sgilean comharraichte airson na h-obrach.

A rèir Achd Ath-leasachaidh an Fhearainn (Alba) 2016 a stèidhich Coimisean Fearainn na h-Alba, feumaidh Gàidhlig a bhith aig fear de na Coimiseanairean; tha an Coimiseanair na neach-labhairt Gàidhlig às leth a' Choimisein. Tha Coimisean Fearainn na h-Alba mothachail air cho cudromach 's a tha e a' Ghàidhlig a mheas mar sgil obrach chudromach agus a bhith a' comharrachadh shuidheachaidhean far a bheil feum no fèill air a' Ghàidhlig. Tha an Coimisean a' tuigsinn cuideachd cho cudromach 's a tha e comas a thoirt do luchd-obrach an cuid sgilean Gàidhlig a thoirt air adhart ma tha iad ag iarraidh sin a dhèanamh.

Àir.	Buil	Cleachdadh làithreach agus/no Gnìomh a dhith	Làithreach	2022	2023	2024	2025	2026	Stiùireadh
A' sanasachd obraichean agus a' fastadh luchd-labhairt na Gàidhlig									
8	Cuiridh poileasaidh fastaidh Coimisean Fearainn na h-Alba ris an àireamh de luchd-cleachdaidh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne.	Tha am poileasaidh fastaidh ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na sgil obrach feumail		✓					SMT

Àir.	Buil	Cleachdadh làithreach agus/no Gníomh a dhith	Làithreach	2022	2023	2024	2025	2026	Stiùireadh
9		Fastadh airson obraichean ann an sgioba nan seirbheisean corporra ag aithneachadh na Gàidhlig mar sgil a tha na buannachd			✓				SMT
10		A rèir Achd Ath-leasachaidh an Fhearainn (Alba) 2016, feumaidh Riaghaltas na h-Alba ceuman reusanta a ghabhail gus dèanamh cinnteach gu bheil Gàidhlig aig fear de na coimiseanairean fearainn agus gu bheilear a' dèanamh seo ann an ceumanan gus an dreuchd seo ath lionadh.	✓		✓				Riaghaltas na h-Alba
11		Tha a' Ghàidhlig air a comharrachadh mar sgil a bhiodh na buannachd nuair a thathar a' fastadh airson gach dreuchd			✓				SMT
12		Thèid cothroman cosnaidh airson luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a shoillseachadh nuair a thèid obraichean a shanasachadh			✓				SMT

13	Far a bheil ìre shònraichte de sgilean Gàidhlig mar phàirt den tuairisgeul obrach, thèid an dreuchd a sanasachd gu dà-chànanach			✓				SMT
----	---	--	--	---	--	--	--	-----

Àir.	Buil	Cleachdadh làithreach agus/no Gníomh a dhith	Làithreach	2022	2023	2024	2025	2026	Stiùireadh
Ag ionnsachadh na Gàidhlig									
14		Fios gu bhith ann an cuairt-litrichean do Luchd-obrach/Coimiseanairean mu chothroman gus Gàidhlig ionnsachadh.		✓					Conaltradh
15	Taic air a toirt do luchd-obrach agus Coimiseanairean Choimisean Fearainn na h-Alba gus Gàidhlig ionnsachadh agus	Bùird-bhrath air an ùrachadh le fiosrachadh mu chothroman gus Gàidhlig ionnsachadh.		✓					Conaltradh/ Buidheann luchd-cleachdaidh Taigh an Longman
16	cothroman air an toirt dhaibh gus na sgilean Gàidhlig aca a chleachdadh san obair.	Thèid fiosrachadh air trèanadh Gàidhlig a thoirt do luchd-obrach agus coimiseanairean agus thèid am brosnachadh gus na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart mar phàirt de na planaichean trèanaidh aca.			✓				SMT
Trèanadh mothachaidh Gàidhlig agus a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig anns an àite-obrach agus ann an conaltradh taobh a-staigh na buidhne									
17	Taic air a toirt do luchd-obrach agus Coimiseanairean Choimisean Fearainn na	Plana Gàidhlig air a chuirteachadh do luchd-obrach agus coimiseanairean gus aire air a thogail mun dealas aig a' Choimisean a thaobh na Gàidhlig.		✓					Conaltradh

18	h-Alba gus Gàidhlig ionnsachadh agus cothroman air an toirt dhaibh gus na sgilean Gàidhlig aca a chleachdadh san obair.	Trèanadh mothachaidh Gàidhlig ri fhaighinn do luchd-obrach agus Coimiseanairean			✓				SMT
----	---	---	--	--	---	--	--	--	-----

Àir.	Buil	Cleachdadh làithreach agus/no Gníomh a dhith	Làithreach	2022	2023	2024	2025	2026	Stiùireadh
19		Tog aire mun fhiosrachadh Gàidhlig uile a tha ri fhaighinn do luchd-obrach agus Coimiseanairean		✓					Conaltradh
20		Brosnaich cothroman Gàidhlig agus cothroman Gàidhlig ionnsachadh gu gnìomhach do luchd-obrach agus Coimiseanairean.		✓					Conaltradh

Gnothaichean làitheil

Tha cleachdadh na Gàidhlig sa chiad àite-coinneachaidh eadar buill a' phobaill agus ùghdarras poblach a' cur ri làthaireachd faicsinneach agus cluinntinneachd a' chànain, agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach agus gu bheil fàilte air seo. Cho math ri bhith ag àrdachadh làthaireachd a' chànain, tha e cuideachd a' cruthachadh chothroman gus a chleachdadh agus a' toirt misneachd dhan phoball Gàidhlig a chleachdadh ann an gnothaichean eile leis a' bhuidhinn phoblaich às dèidh sin.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh leis a' bhuidhinn tron phost, post-dealain agus fòn cudromach ann an cruthachadh chothroman airson cleachdadh a' chànain, agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach agus gu bheil fàilte air seo. Tha làthaireachd dhan Ghàidhlig ann am farsaingeachd de dh'fhoirmean dà-chànanach agus ann am foirmean sa Ghàidhlig a-mhàin a' cur gu mòr ri faicsinneachd agus inbhe a' chànain. Faodaidh dreachdan Gàidhlig de dh'fhoirmean, bileagan iarrais agus sgrìobhainnean mar sin, cuideachadh le leudachadh air farsaingeachd briathrachais na Gàidhlig agus mothachadh luchd na Gàidhlig a thogail a thaobh an leithid sin de bhriathrachas, mar sin a' cuideachadh le leasachadh a' chànain fhèin.

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba mothachail air cho cudromach is a tha e cothroman a chruthachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann am farsaingeachd de shuidheachaidhean làitheil agus tha rùn aige cur ris an ìre de dh'ullachadh aige anns an raon seo.

Àir.	Buil	Cleachdadh làithreach agus/no Gnìomh a dhith	Làithreach	2022	2023	2024	2025	2026	Stiùireadh
Fòn									
21	Bidh Coimisean Fearainn na h-Alba a' cur fàilte air conaltradh fòn anns a' Ghàidhlig.	Gheibh buill de sgioba nan Seirbheisean Corporra trèanadh iomchaidh ann an abairtean Gàidhlig bunaiteach airson a' fòn agus thèid am brosnachadh gus am fòn a fhreagairt sa Ghàidhlig nuair a ghabhas sin dèanamh			✓				SMT

Àir.	Buil	Cleachdadh làithreach agus/no Gníomh a dhith	Làithreach	2022	2023	2024	2025	2026	Stiùireadh
22		Teachdaireachd air post-gutha a' Choimisein		✓					Seirbheisean Corporra
23		Brosnaich agus cùm taic ri luchd-obrach gus teachdaireachdan post-gutha a bhith aca gu dà-chànanach			✓				Seirbheisean Corporra
24		Thèid buill den phoball a tha airson conaltradh a dhèanamh sa Ghàidhlig a chur air adhart do luchd-obrach aig a bheil na sgilean cànan iomchaidh gus seo a dhèanamh			✓				Seirbheisean Corporra
Seirbheisean 'loidhne toisich' dhan phoball									
25		Gheibh buill de Sgioba nan Seirbheisean Corporra trèanadh ann an abairtean bunaiteach sa Ghàidhlig gus conaltradh a dhèanamh le buill den phoball a tha airson conaltradh a dhèanamh sa Ghàidhlig.			✓				SMT

Àir.	Buil	Cleachdadh làithreach agus/no Gníomh a dhith	Làithreach	2022	2023	2024	2025	2026	Stiùireadh
Conaltradh sgrìobhte									
26	Bidh Coimisean Fearainn na h-Alba a' cur fàilte air, agus a' tòiseachadh, conaltradh sgrìobhte anns a' Ghàidhlig.	Gealltanais air a thoirt seachad gus beachdan taiceil dhan Ghàidhlig a bhrosnachadh air feadh na buidhne.		✓					Àrd-oifigear
27		Gheibh post agus puist-d a gheibhear sa Ghàidhlig freagairt sa Ghàidhlig a' cleachdadh seirbheis eadar-theangachaidh a rèir clàr-ama conaltraidh àbhaisteach a' Choimisein.			✓				Seirbheisean Corporra
28		Cruthaich eàrr-sgrìobhadh puist-d a bhios ri fhaighinn dhan luchd-obrach air fad			✓				Conaltradh
29		Brosnaich an luchd-obrach gu gnìomhach gus an t-eàrr-sgrìobhadh puist-d dà-chànanach a chleachdadh			✓				Conaltradh

Àir.	Buil	Cleachdadh làithreach agus/no Gníomh a dhith	Làithreach	2022	2023	2024	2025	2026	Stiùireadh
30		Tha fios conaltraidh mu Choimisean Fearainn na h-Alba dà-chànanach			✓				Conaltradh
31		Bidh aithrisean-àichidh puist-d fèin-obrachail dà-chànanach	✓						Sistaman Fiosrachaidh
Foirmean									
32	Tha foirmean agus stiùireadh aig Coimisean Fearainn na h-Alba dà-chànanach	Tha a' bhuidheann a' cur fàilte air agus a' brosnachadh lìonadh fhoirmichean agus conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig			✓				SMT
33		Foillsichidh an Coimisean na foirmean as cumanta a chleachdar sa Ghàidhlig agus cuiridh e ri cleachdadh agus faicsinneachd na Gàidhlig air a h-uile foirm eile						✓	Conaltradh
34		Cuiridh an Coimisean ris an àireimh de dh'fhoirmean corporra sa Ghàidhlig a h-uile bliadhna gus am bi a h-uile foirm corporra ri fhaighinn sa Ghàidhlig							✓

Àir.	Buil	Cleachdadh làithreach agus/no Gnìomh a dhith	Làithreach	2022	2023	2024	2025	2026	Stiùireadh
35		Foillsich nòtaichean-stiùiridh corporra anns a' Ghàidhlig					✓		SMT
36		Tha foirmean ais-eòlais agus gearain agus nòtaichean-stiùiridh rim faighinn sa Ghàidhlig					✓		Conaltradh
37		Dèan sgrùdadh air na foirmean agus stiùiridhean eile a dh'fhaodadh a bhith air an toirt seachad gu dà-chànanach.			✓				Conaltradh
Coinneamhan Poblach									
38	Bidh daoine a' gabhail pàirt ann an coinneamhan Coimisean Fearainn na h-Alba anns a' chànan a thaghas iad fhèin	Bidh coimiseanair agus/no neach-obrach aig a bheil Gàidhlig an làthair aig coinneamhan poblach anns na h-Eileanan Siar, Roinn na Gàidhealtachd agus ann an Earra-Ghàidheal.			✓				Conaltradh
39		Dèan sanasachd dhan phoball gum faod iad iarraidh gun cùm an Coimisean coinneamhan anns a' Ghàidhlig ro dheireadh 2022.			✓				Conaltradh

Àir.	Buil	Cleachdadh làithreach agus/no Gníomh a dhìth	Làithreach	2022	2023	2024	2025	2026	Stiùireadh
40		Thèid coinneamhan a chumail sa Ghàidhlig far a bheil sgilean labhairt sa Ghàidhlig aig co-dhiù 20% den t-sluagh.			✓				Conaltradh

Conaltradh

'S urrainn cleachdadh na Gàidhlig anns na meadhanan agus ann am farsaingeachd de stuthan clò-bhuailte cur ri leasachadh na Gàidhlig ann an diofar dhòighean. Tha e a' cur ri faicsinneachd a' chànain, tha e ag àrdachadh inbhe na Gàidhlig le bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean àrd-ìomhaigheil, agus tha e a' cuideachadh le bhith a' cruthachadh briathrachais ùr agus a' cur ri briathrachas a th' ann mar-thà. Tha cleachdadh na Gàidhlig anns na meadhanan a' dearbhadh gu bheil a' bhuidheann phoblach airson cothrom a thoirt air fiosrachadh cudromach tron Ghàidhlig, agus a' cur ri faicsinneachd agus inbhe a' chànain. Agus barrachd dhaoine a' faighinn cothrom air fiosrachadh mu bhuidhnean poblach tro na làraichean-lìn aca, faodaidh ullachadh airson cleachdadh na Gàidhlig a bhith a' cur gu mòr ri inbhe agus faicsinneachd a' chànain.

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba air rùnachadh cur ri cleachdadh nan Gàidhlig ann an raointean far am biodh an ùidh a bu mhotha aig a' phoball san fharsaingeachd no far a bheil cuspairean ann a tha co-cheangailte ris a' Ghàidhlig fhèin.

Àir.	Buil	Cleachdadh làithreach agus/no Gnìomh a dhìth	Làithreach	2022	2023	2024	2025	2026	Stiùireadh
Meadhanan agus Dàimh Phoblach									
41	Àbhaisteachadh faicsinneach is so-bheanailteach den Ghàidhlig mar phrìomh eileamaid ann an dàimh phoblach Coimisean Fearainn na h-Alba	Thèid brathan-naidheachd àrd-bhuaidh agus fiosan naidheachd co-cheangailte ri cùisean far a bheil sgilean Gàidhlig aig co-dhiù 20% den t-sluagh fhoillseachadh gu dà-chànanach.			✓				Conaltradh
42		Bidh neach-labhairt às leth na buidhne aig a bheil Gàidhlig ri fhaighinn airson agallamhan Gàidhlig far am bi seo comasach.	✓						Conaltradh

43	Leasaich cleachdadh ioma-mheadhain agus dèan bhidiothan dà-chànanach	✓		✓				Conaltradh
----	--	---	--	---	--	--	--	------------

Àir.	Buil	Cleachdadh làithreach agus/no Gníomh a dhìth	Làithreach	2022	2023	2024	2025	2026	Stiùireadh
Stuthan Clò-bhuailte									
44	Litreachas agus pàipearan Coimisean Fearainn na h-Alba air am foillseachadh sa Ghàidhlig	Tha foillseachaidhean corporra air an dèanamh gu dà-chànanach	✓		✓			✓	Conaltradh
45		Tha an Aithisg Bhliadhnail agus am Plana Ro-innleachdail rim faighinn gu dà-chànanach aig an àm seo: ann an 2022 tha sinn ag amas air an Lèirmheas Bhliadhnail fhoillseachadh sa Ghàidhlig leis na foillseachaidhean corporra uile gu bhith rim faighinn gu dà-chànanach ro 2025.							
46		Thèid eadar-theangachaidhean Gàidhlig de na clàran aontaichte airson gach coinneamh Bùird fhoillseachadh air an làraich-lìn againn						✓	Conaltradh
47		Cuir ri faicsinneachd na Gàidhlig tro na stuthan margaidheachd air fad				✓			Conaltradh
47		Sanasan do choinneamhan poblach gu bhith dà-chànanach airson sgìrean far am bi co-dhiù 20% den t-sluagh a' cleachdadh na Gàidhlig (Na h-Eileanan an Iar, Earra-Ghàidheal is Roinn na Gàidhealtachd).			✓				Conaltradh

Àir.	Buil	Cleachdadh làithreach agus/no Gníomh a dhìth	Làithreach	2022	2023	2024	2025	2026	Stiùireadh
Làrach-lìn is Meadhanan Sòisealta									
48	Faicsinneachd a bharrachd aig a' Ghàidhlig air tionndaidhean Beurla làrach-lìn agus air meadhanan sòisealta Coimisean Fearainn na h-Alba	Cuir ris an t-susbaint a tha sa Ghàidhlig agus tha a dà-chànanach air gach àrd-ùrlar air na meadhanan sòisealta.			✓	✓	✓	✓	Conaltradh
49		Dèan cuairt-litir dealain				✓			Conaltradh
50		Dèan ath-sgrùdadh air susbaint Gàidhlig air làrach-lìn a' Choimisein			✓				Conaltradh

Àir.	Buil	Cleachdadh làithreach agus/no Gníomh a dhith	Làithreach	Làithreach					Stiùireadh
				2022	2023	2024	2025	2026	
Tachartasan agus Taisbeanaidhean									
51	Àbhaisteachadh faicsinneach is so-bheanailteach den Ghàidhlig mar phrìomh eileamaid ann an obair Coimisean Fearainn na h-Alba	Na stuthan taisbeanaidh corporra uile (m.e. brataichean pop-up) gu bhith dà-chànanach nuair a bhios feadhainn ùra a dhith/aig a' chiad chothrom.				✓		Conaltradh	
52		Làthaireachd mhòr aig a' Ghàidhlig aig a' cho-labhairt dhà-bhliadhnail againn, a' gabhail a-steach ann an taisbeanaidhean, an clàr-gnothaich agus ann am pasgan an luchd-frithealaidh				✓		✓	Conaltradh

Corpas

Tha leasachadh na Gàidhlig anns an raon seo air leth cudromach airson na Gàidhlig ann an Alba san àm ri teachd. Le bhith a' dèanamh seo, thig briathrachas agus modhan-labhairt ùra a leigeas leis a' chànan a bhith nas èifeachdaiche is nas cunbhalach. Air an adhbhar seo, thèid ceuman a ghabhail gus dèanamh cinnteach gun lean leasachadh cànanach na Gàidhlig.

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba ag aithneachadh cho cudromach 's a tha leasachadh na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil i freagarrach airson gach cleachdadh iomchaidh agus airson a bhith ga cleachdadh ann am farsaingeachd de cho-theacsaichean a tha a' sìor fhàs.

Àir.	Buil	Cleachdadh làithreach agus/no Gnìomh a dhìth	Làithreach	2022	2023	2024	2025	2026	Stiùireadh
Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig									
53	Leanaidh Coimisean Fearainn na h-Alba Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig.	Nì an Coimisean cinnteach gum bi seirbheisean eadar-theangachaidh a th' againn air cùmhnant a' leantainn nan gnàthachas litreachaidh as ùire	✓						Conaltradh
A' cleachdadh ainmean-àite ceart									
54	Nì Coimisean Fearainn na h-Alba cinnteach gun tèid ainmean-àite ceart a chleachdadh air feadh na buidhne.	Thèid ainmean-àite ceart a chleachdadh anns gach suidheachadh sa bhuidhinn, a' gabhail a-steach mapaichean, litrichean agus foillseachaidhean a rèir mholaidhean bho Ainmean-Àite na h-Alba	✓						Conaltradh

Àir.	Buil	Cleachdadh làithreach agus/no Gníomh a dhith	Làithreach	2022	2023	2024	2025	2026	Stiùireadh
				Ìrean eadar-theangachadh agus eadar-mhìneachaidh					
55	Cùm ìre an eadar-theangachaidh aig àrd-ìre	Dèan lèirmheas air seirbheisean eadar-theangachadh agus eadar-mhìneachaidh agus dèan cinnteach gu bheil iad a rèir slatan-tomhais a' ghniomhachais.	✓						Conaltradh

Buileachadh agus Sgrùdadh

Clàr-ama

Bidh am Plana Gàidhlig an gnìomh gu foirmeil fad ceithir bliadhna bhon cheann-latha air an deach aontachadh le Bòrd na Gàidhlig. Ro dheireadh an ama seo, nì sinn ath-sgrùdadh air a' Phlana, nì sinn atharrachadh sam bith a tha a dhìth air agus cuiridh sinn do Bhòrd na Gàidhlig e airson aonta.

Ann an Caibideil 4: Gealltanasan a' Phlana, tha sinn air cinn-latha a chomharrachadh airson targaidean fa leth nuair a tha sinn an dùil gealltanasan sònraichte a chur an gnìomh.

Sanasachd airson a' Phlana

Thèid Plana Gàidhlig Coimisean Fearainn na h-Alba fhoillseachadh gu dà-chànanach air an làraich-lìn againn. A bharrachd air seo, nì sinn mar a leanas:

- A' cur a-mach fios naidheachd mu fhoillseachadh a' phlana ag ainmeachadh gun deach am plana aontachadh is fhoillseachadh
- Thèid agallamhan do na meadhanan a thabhann sa Ghàidhlig agus sa Bheurla
- Thèid innse dhan luchd-obrach agus do luchd-ùidh mun phlana ùr agus mar a gheibhear e tro chuairt-litrichean agus tron eadra-lìn
- Tog mothachadh poblach mun phlana tro na meadhanan sòisealta
- Leig fios do luchd-obrach mu na dleastanasan aca fon phlana.

A' goireasachadh a' Phlana

Thèid – no chaidh – a' mhòr-chuid de na gnìomhan anns a' phlana seo a mhaoineachadh tro na buidseatan aig Coimisean Fearainn na h-Alba, a tha aontaichte le a sponsair, Riaghaltas na h-Alba.

Sgrùdadh Buileachadh a' Phlana

Cumaidh an Coimisean sùil air cur-an-gnìomh a' phlana tro aithrisean cunbhalach do dh'Àrd-sgioba Stiùiridh a' Choimisean agus le deasbad ràitheil aig coinneamhan Bùird a' Choimisein. Gheibh am Bòrd aithisg mhionaideach air adhartas, a thèid a chur gu Bòrd na Gàidhlig an uair sin.

Eàrr-ràdh 1 – In-sgrùdadh air Comas Cànan

Toraidhean Suirbhìdh Comasan Gàidhlig an Luchd-obrach

Mar phàirt de Shuirbhìdh Gàidhlig an luchd-obrach a rinneadh anns a' Ghearran 2020, chaidh faighneachd de luchd-obrach a' Choimisein dè an comas labhairt, leughaidh, sgrìobhaidh agus / tuigsinn a bh' aca air a' Ghàidhlig nam beachd fhèin. Seo a' chiad turas a chaidh suirbhìdh a dhèanamh air comasan agus ìrean mothachaidh Gàidhlig an luchd-obrach. Thèid na ceistean a chleachdadh mar slat-tomhais airson suirbhìdhean luchd-obrach san àm ri teachd.

A-mach às na 16 daoine a fhuair cuireadh pàirt a ghabhail san sgrùdadh, fhreagair 13, ìre freagairt de 81%. A chionn 's nach d' fhuair ach glè bheag de fhreagairtean airson cuid de na ceistean (nas lugha na còig), thathar a' cleachdadh àireamhan sa chiad seach na h-àireamhan cruinn gus am bi e nas doirbhe obrachadh a-mach cò rinn na freagairtean sin, gus cumail ri GDPR.

Geàrr-chunntas air a' Cheist

C11 Tha sinn a' sgrìobhadh a' Phlana Gàidhlig againn an-dràsta. Gus ar cuideachadh, bu toil leinn faighinn a-mach dè na sgilean Gàidhlig a th' aig an luchd-obrach againn.

a) Nad bheachdsa, dè an comas a th' agad gus:

	Chan eil gin	Bunaiteach	Eadar-mheadhanach	Fileanta
Gàidhlig a leughadh				
Gàidhlig a sgrìobhadh				
Gàidhlig a bhruidhinn				
Gàidhlig a thuigsinn				

- b) Am bu toil leat cur ris na sgilean Gàidhlig agad tro thrèanadh a bharrachd? Bu toil/Cha bu toil
- c) Am bu toil leat an ìre mothachaidh agad air a' Ghàidhlig a thoirt air adhart tro thrèanadh a bharrachd? Bu toil/Cha bu toil

Geàrr-chunntas de thoraidhean an t-suirbhìdh

A rèir freagairtean a fhuair:

- Thuir a' mhòr-chuid den luchd-obrach nach robh sgil Gàidhlig sam bith aca
- Chan eil ach beagan den luchd-obrach ag ràdh gu bheil sgilean Gàidhlig labhairteach bunaiteach no eadar-mheadhanach aca
- Chan eil ach beagan den luchd-obrach ag ràdh gu bheil sgilean leughaidh Gàidhlig eadar-mheadhanach aca
- Chan eil ach beagan den luchd-obrach ag ràdh gu bheil sgilean sgrìobhaidh Gàidhlig bunaiteach/eadar-mheadhanach aca
- Chan eil ach beagan den luchd-obrach ag ràdh gu bheil sgilean bunaiteach/eadar-mheadhanach aca ann an tuigsinn na Gàidhlig
- Chan eil gin den luchd-obrach den beachd gu bheil iad fileanta sa Ghàidhlig.

Q11b Am bu toil leat na sgilean Gàidhlig a thoirt air adhart tro thrèanadh a bharrachd?

- 46% – Bu toil
- 54% – Cha bu toil

Q11c Am bu toil leat an ìre mothachaidh agad air a' Ghàidhlig a thoirt air adhart tro thrèanadh a bharrachd?

- 23% – Bu toil
- 77% – Cha bu toil.

Cha deach faighneachd dhan luchd-freagairt mun ìre de mhothachadh a bh' aca air a' Ghàidhlig aig an àm seo: dh'fhaodte gu bheil an dìth ùidh a nochd iad ann an trèanadh mothachaidh mar thoradh air ìre àrd de mhothachadh a bhith aca mar-thà. Thèid ceist mun ìre mothachaidh a thaobh na Gàidhlig a chur ris an ath suirbhidh do luchd-obrach gus an urrainn dhuinn a' bheàrn fiosrachaidh seo a lionadh.

Thèid an luchd-obrach a nochd ùidh ann a bhith a' dèanamh trèanadh mothachaidh agus a' togail sgilean Gàidhlig a bhrosnachadh gus seo a thoirt air adhart tro na planaichean leasachaidh bliadhnail aca.

Sgrùdadh air na stuthan Gàidhlig agus dà-chànanach a th' aig Coimisean Fearainn na h-Alba mar-thà


<i>Meadhanan agus Dàimh Phoblach</i>	Neach-labhairt aig a bheil Gàidhlig aig a' choimisean. A' tabhann agallamhan anns a' Ghàidhlig
<i>Stuth Clò-bhuailte:</i>	Aithisg bhliadhnail 2018 – dà-chànanach Aithisg bhliadhnail 2019 – dà-chànanach Plana Ro-innleachdail 2018-2021 – dà-chànanach Plana Ro-innleachdail 2021-2023 – dà-chànanach
<i>Làrach-lìn is Meadhanan Sòisealta</i>	Tweet sa Ghàidhlig ag ainmeachadh gun deach Aithisg Bhliadhnail 2019 foillseachadh Tha sinn a' cur ris a' chomas againn gus postaichean Gàidhlig a dhèanamh air na meadhanan sòisealta.
<i>Tachartasan agus Taisbeanaidhean</i>	Cuir coinneamhan poblach air dòigh anns a' Ghàidhlig far am biodh Coimiseanair(ean) Fearainn le Gàidhlig an làthair ma thèid seo iarraidh.
<i>Trèanadh luchd-obrach</i>	Chan eil sgilean Gàidhlig bunaiteach/eadar-mheadhanach ach aig beagan den luchd-obrach. Tha trèanadh cànan ri fhaighinn mar-thà ma thèid sin iarraidh Trèanadh mothachaidh agus trèanadh sgilean cànan gu bhith nam pàirt de phlanaichean leasachaidh pearsanta.
<i>Soidhnichean</i>	Tha Coimisean Fearainn na h-Alba stèidhichte ann an Taigh an Longman, a tha le Riaghaltas na h-Alba. Tha Riaghaltas na h-Alba an urra ri soidhnichean an dà chuid taobh a-staigh agus taobh a-muigh an togalach. Tha cuid de na soidhnichean dà-chànanach mar-thà.
<i>Eadar-theangachadh</i>	Tha seirbheisean eadar-theangachaidh agus eadar-mhìneachaidh air an toirt seachad às ar leth le buidhnean air an taobh a-muigh aig an àm seo.

Eàrr-ràdh 2 – Toraidhean na Co-chomhairle

Chaidh co-chomhairle a chumail air Plana Gàidhlig Coimisean Fearainn na h-Alba airson 2020-2027 fad sia seachdainean eadar an Cèitean agus an t-luchar 2020. Bhrosnaich an Coimisean am Plana gu gnìomhach tro na meadhanan sòisealta rè an àm seo, a' sireadh bheachdan tron t-suirbhidh air-loidhne is tro phost is post-d.

Fhuair eadh dà fhreagairt dhan cho-chomhairle bho bhuidheann coimhearsnachd agus bho bhall den phoball. Thuir aon neach-freagairt gun robh iad fileanta sa Ghàidhlig, le aon neach-freagairt a' freagairt mar 'eile'.

Fhuair eadh na freagairtean a leanas mar fhreagairt air a' cheist 'dè an ìre is gu bheil thu ag aontachadh leis an aithris a leanas: Tha Plana Gàidhlig Coimisean Fearainn na h-Alba soilleir is furasta a thuigsinn'?



Chaidh na beachdan agus molaidhean seo a dhèanamh a thaobh a' Phlana:

- “Tha mi a’ cur fàilte air a’ phlana. Cumaibh e sìmplidh ach cumaibh e freagarrach. / *welcome this plan. Keep it simple but keep it relevant.*”